

Chan eil mi airson a' bheinn sin a shreap. Chan eil brògan freagarrach no aodach blàth agam. Chan eil agam ach stoc agus geansaидh. Fuirichidh mi an seo gus an till sibh. Suidhidh mi sa chàr oir tha i fuar.

Fios
Fuathmean

Tha mo cho-là-breith ann aig àm na Càisg. Sin nuair a bhios na h-uain air am breith. Chì mi iad ri mire agus cluinnidh mi iad a' mèilich. Iarraidh Mamaidh air bèicear cèic co-là-breith a dhèanamh. Bidh an cèic blasta. Tha partaidh gu bhith agam aig an amar-snàmh.

Fios
Fuathmean

Tha sinn an dùil a dhol air saor-làithean dhan Fhraing san Lùnastal. Gheibh sinn bus dhan bhaile agus trèana à sin sìos a Shasainn. Gheibh sinn trèan eile an sin a bheir dhan Fhraing sinn.

Fios
Fuathmean

Bha an seada mì-sgiobalta. Bha biorain air an lär. Thog mi na biorain agus chuir mi dhan bhion iad. Bha peile air oir. Chuir mi na sheasamh e. Bha sgàilean fon bhòrd. Chroch mi e gus am bi e furasta a lorg.

Fios
Fuathmean

Tha peata agam. 'S e cat a th' ann, cat le sùilean mòra liath agus sròn phinc. Bidh i a' cadal anns an rùm agam. 'S e cat glan a th' innte ach aon latha sgrìob i am balla agus chuir mi a-mach i. Shliob mi i nuair a thill i dhan rùm.

Fios
Fuaimnean

Fhad 's a bha sinn aig a' chladach, chunna sinn steàrnag le earball fada agus ceann dubh air clach. Gheàrr mise tarsainn air a' chladach gus am faicinn nas fheàrr i ach dh'fhalbh i air iteag.

Fios
Fuaimnean

Aon latha, thug seanair Iain ciste mhòr throm dhan sgoil. Thuirte e rinn gur ann aig athair a bha i o chionn fhada. Sheall e dhuinn an seotal am broinn na ciste. Thuirte e gum biodh athair a' cumail rudan prìseil san t-seotal.

Fios
Fuaimneam

Tha rudan annasach aig Granaidh anns an t-seòmar-suidhe aice. Tha iomadach seòrsa rud ann – rudan gleansach, rudan aosta agus rudan prìseil. Tha a h-uile seòrsa botal glainne aice, ach chan fhaod mise a dhol faisg orra mus leag mi iad!

Fios
Fuaimneam

Bha mi aig a' choimpiutar nuair a thuirt Mamaidh rium,
'Siuthad, cuir sin dheth. Tha sinn a' dol dhan bhùth, tha
aran a dhìth oirnn.' Dh'fhalbh sinn san uisge. Bha mi
bog fliuch!

Fios
Fuaimnean

Tha bàta-seòlaidh aig m' athair. Tha e ga cumail shìos
aig a' mharina. Bheir e a-mach i a h-uile cothrom a
gheibh e. Togaidh e na siùil air latha ciùin gus an glac
iad sa ghaoith.

Fios
Fuaimnean